

Fuadaichean Chataibh

Thatar a' creidsinn gum b' e Ealasaid Ghòrdan, Ban-iarla Chataibh agus an duine aice, Seòras Granville Levenson-Gower, Marcas Stafford (a bha a-rithist na Dhiùc Chataibh) a dh'iarr am fuadachadh a thachair bho 1810-1820.



SEÒRAS GRANVILLE LEVENSON-GOWER,
MARCAS STAFFORD



EALASAID GHÒRDAN,
BAN-IARLA CHATAIBH



"Am Mannie" - iomhaigh
de Sheòras Leveson-Gower
air mullach Beinn
a' Bhragaidh



Thàinig esan a-steach air fearann leis a' phòsadhbh ri bean Albannach, agus fhuair e comhairle gun robh am fearann sin na b' fheàrr airson chaorach na bha e airson dhaoine. Le sin, thòisich e **a' fuadachadh** nam **màladairean** a bha air an fhearann agus chuir e tuathanasan mòra chaorach nan àite. Dh'aithnich e gu math luath cho prothaideach 's a bha tuathanasan mòra chaorach seach a bhith a' toirt màl bho dhaoine a bha a' fuireach air an fhearann.




Caoraich dhubb-cheannach

Chaidh caoraich mhaola Cheviot a thoirt a-steach an àite nan caoraich **dhùthchasach** mar na caoraich dhubb-cheannach. Tha na caoraich mhaola cruaidh agus faodaidh iad a bhith a-muigh air a' mhonadh fad na bliadhna. Le sin, tha iad gu h-àraidh freagarrach airson monaidhean na Gàidhealtachd.



Caoraich mhaola Cheviot



Bha malairt ann an clòimh a' dol fior mhath agus le sin bha e air fhaicinn gun robh prothaid na bu mhotha ann an caoraich na bha ann an daoine.



Eadar 1811 agus 1821, chaidh mu 15,000 neach a chur far an fhearrainn aig Ban-iarla Chataibh agus an duine aice gus àite a dhèanamh do 200,000 caora. Cha robh àite eile aig cuid de na daoine sin dhan deigheadh iad. Bha mòran dhiubh sean, gun slàinte mhath, agus bhàsaich iad leis an acras no leis an fhuachd oir bha iad air am fàgail a-muigh, gun fhasgadh.

Chaidh taighean nan croitearan agus bailtean slàn a chur nan teine gus nach b' urrainn duine fuireach anna.



Taigh croiteir air a losgadh



Chaidh na daoine a sheas an aghaidh an fhuadachaidh, no nach d' fhuair a-mach às na taighean aca ann an àm, a mharbhadh sna teintean.

Tha seo a' sealltainn gun robh cabhag mhòr air na h-uachdarain am fearann **fhalmhachadh**. Rinn iad cinnteach nach b' urrainn daoine tilleadh chun nan dachaighean aca an dèidh do na caoraich tighinn.

Bha aig na bha air fhàgail den t-sluagh ri gluasad gu àiteachan ùra, agus dh'fheumadh iad dòighean ùra ionnsachadh. Bha am fearann agus na lotaichean air an robh iad a-nis ro bheag airson **bith-beò** a thoirt do dhaoine agus le sin thòisich na croitearan ag obair ann an gnìomhachasan eile.







Iasgach an sgadain

**Bha cuid nam
breabadairean,
ag obair air ceilp
no nan iasgairean.**



Chuidich an riaghaltas **ath-thuineachadh** nan Gàidheal le bhith a' toirt dhaibh **teachd a-steach** airson an teaghlaichean a chumail. Stèidhich Bòrd Iasgach Bhreatainn stèiseanan iasgaich air Ghàidhealtachd – Ullapul ann an Ros an Iar, Tobar Mhoire air Eilean Mhuile, agus Pultneytown ann an Gallaibh – gus cothrom a ghabhail air gnìomhachas an sgadain a bha a' dol cho math aig an àm.





**Monaidhean
lom air
Ghàidhealtachd**



**'S e gun deach na daoine a chur
far an fhearin, agus na dachaighean
agus an dòigh-beatha aca a sgrios,
a tha a' fàgail nam monaidhean lom air
Ghàidhealtachd an-diugh.**



Chan e a-mhàin gun do dh'fhalbh na daoine, ach beag air bheag dh'fhalbh na caoraich cuideachd. Bha na tuathanasan mòra chaorach a' dol a chruthachadh beairteas do na h-uachdarain le bhith a' cumail feòil ris na bailtean mòra aig deas agus clòimh ris na factaraidhean, ach cha do sheas iad.

Ro dheireadh an 19mh linn bha clòimh a bha na bu shaoire, agus glè thric na b' fheàrr, ga toirt a-steach à Astràilia agus à Sealan Nuadh. 'S dòcha gum b' e na dearbh dhaoine a chaidh gu na dùthchannan fad às sin an dèidh nam fuadaichean a bha ag obair air a' chlòimh!

